

[TD 1]

LAOIDHEAN
BEAN TORRA DHAMH

<eng>GAELIC HYMNS
OF
MRS CLARK
INCLUDING THREE NEVER BEFORE PUBLISHED

EDITED BY
REV. THOMAS SINTON
DORES

"NORTHERN CHRONICLE" OFFICE
INVERNESS
1902<gai>

[TD 2]

"AGUS FEUCH, THA THUSA DHOIBH MAR ORAN RO THAITNEACH DUINE AIG AM BHEIL
GUTH BINN."

[TD 3]

<eng>To the Memory
OF
CLUNY MACPHERSON OF CLUNY MACPHERSON
WHO DIED 1885
THIS COLLECTION OF SACRED POETRY
BY
ONE OF HIS CLAN
IS
APPROPRIATELY DEDICATED

[TD 4]

I. A Jehobhah, Ard-Rìgh na Flathais!	9
II. Ceol cha 'n aill leam	13
III. Och is ochan! mo threachladh	17
IV. M' anam, imich thusa samhach	20
V. 'S mile marbhphaisg ort, a shaoghail	22
VI. Tha m' inntinn-s' an geall	26

[TD 5]

BEAN TORRA DHAMH.

A TRAVELLER who might have chanced to pass through the parish of Laggan in the eighteenth century, and beholding for the first time its marshy flats of cold meadow land on either side of the Spey, its rocky knolls, and its bleak, storm-swept hills, might form no favourable opinion of this portion of God's earth as the abode of man. Nevertheless, Brae-Badenoch had given birth to a hardy and spirited race of people, among whom were reared not a few who earned distinction in the service of their country.

We can easily understand how the stirring adventures of Cluny of the Forty-Five, and the triumphant literary career of James Macpherson, must

have touched the imagination and stimulated the energies of the whole connection of Clan Vurich.

Among the residents of Laggan, towards the end of the period to which we have referred, were Parson Robert Macpherson, the redoubtable chaplain of the 42nd Regiment, who figures in the pages of Jupiter Carlyle; Lachlan Macpherson, the facetious and talented tacksman of Strathmashie; the Rev. Andrew Gallie, well known in connection with the Ossianic controversy; and Mrs Grant, then engaged in penning her classical "Letters from the Mountains."

It is surely a remarkable fact that there were living on the upper reaches of the Spey, about the same time, over a dozen persons who had produced songs instinct with the true lyric vein, which continued to be sung by succeeding generations. Among all these, however, the subject of this notice occupies a unique position, in that she consecrated her genius exclusively to things spiritual and divine.

Mary Macpherson was the daughter of Ewen Macpherson, parish schoolmaster of Laggan. She was born about the year 1720, or perhaps a little earlier. To what branch

[TD 6]

of her clan she belonged is unknown, although it seems probable that she was connected with the Strathmashie family. Improving her special opportunities, she acquired a good education.

On her marriage, she took up her abode with her husband at the place with whose name she was for the future to be associated. An Torr Dhamh was a diminutive holding of poorest land, situated upon an arid height near the opening of Glen Truim. In this neighbourhood resided several families of the name of Clark, and to one of these her husband belonged.

The immediate influences under which she became a devout and radiant witness unto God, amidst prevailing coldness and unbelief, cannot now be ascertained. It is not unlikely that she may have experienced the quickening power of that religious movement in the central Highlands which can be traced directly to Dugald Buchannan. Considering the constant intercourse that took place between Badenoch and Rannoch by Glen Truim, we may regard it as highly probable that she was personally acquainted with the saintly bard, from whose hymns she must have derived exquisite delight.

It would appear that her husband died comparatively early, for, in one of her verses, she describes herself as living on a hillock alone, her dear ones having departed. Tradition tells that, for long, an unsympathetic daughter acted as a grievous thorn in the good woman's side, but that eventually the two were united in a common love for Christ. It is right to add that the indigence which attended her latter years in Badenoch was relieved by the loving attention of friends who appreciated the holy beauty of her life and work.

Like Buchannan, she was a delightful companion, being possessed of a genial, happy-hearted disposition, while a sprightly wit and pungency gave zest to her conversation. Owing probably to some rheumatic affection, in moving about she required the aid of crutches, but notwithstanding this, it is related that on one occasion, when destitute of the means of subsistence, she betook herself to dancing for joy in the consciousness that she was an heir of God.

A considerable time before her death she removed to Perth, where she resided with a married daughter. From

[TD 7]

various circumstances it may be inferred that her departure from Badenoch took place somewhere between 1780 and 1790.

The numerous traditions with regard to her, which were handed down in the country, have now mostly all died away. But people still point out the faint remains of the old homestead, among the brown braes, haloed by the genius and piety of Mary Macpherson. The situation of that humble abode, opposite Craig Dhu, and commanding an extensive view of the valley of the Spey, with the ancient battlefield of Invernahavon immediately beneath, was indeed calculated to arouse the Celtic muse.

Mrs Clark is believed to have composed no less than thirty hymns, which were put in writing. Two of these—Nos. III. and IV. of this edition—were published anonymously by Alexander Fraser, Inverness, the authorship being merely assigned to a lady of Badenoch—"Bean uasal a bh' ann am Baideanach." The same hymns are given by Rose in his interesting collection, along with a brief memoir of the poetess.

About a quarter of a century ago, the Rev. John Kennedy, now of Arran, edited these, and added a third—No. IV. of this edition—which Gillies had published anonymously, though undoubtedly the work of Mrs Clark. The remaining three hymns of this edition are now published for the first time. They were discovered by me, under the superintendence of my dear friend, the late Provost Macpherson of Kingussie, in the Cluny Charter Chest, among papers which had been in the possession of Cluny Macpherson, who died in 1885, and which were kindly placed at my disposal by his son, Brigadier-General Ewen Macpherson. Hardly had I glanced over them when, to my no small pleasure, I was able to identify them as forming a portion of the long lost poetry of Bean Torra Dhamh. I did so from the following considerations:—

1. They are all in the same handwriting, on letters addressed by relatives of the name of Macpherson to Mr Paul Kennedy, Castle Gavel, Perth.
2. There was one of that name connected by marriage with the Strathmashie family in Laggan.

[TD 8]

3. Bean Torra Dhamh spent the close of her life in Perth, where she resided in the house of a son-in-law at the date given on the above-mentioned letters.

4. I remember hearing the hymn beginning "Ceol cha 'n aill leam" quoted as hers upwards of thirty years ago, by one who expressed a preference for it above all her other compositions.

5. These three hymns are thoroughly in keeping with her genius, style, and language.

6. There were no other Gaelic hymns in which Cluny would have been so likely to take an interest as in those composed by this member of his clan.

On perusing those verses, it will be observed that they are couched in rich idiomatic Gaelic, and contain passages displaying a quaint originality of thought, combined with melody of diction rarely surpassed in Gaelic poetry of this class.

It may be added that much patient labour was required to decipher the MSS., not merely as regards the actual lettering, but, still more, in order to ascertain what vocables the letters were intended phonetically to express.<gai>

[TD 9]

I.*

A IEHOVAH, Ard-Rìgh na Flathais,
Cia binn an ceòl leam bhi 'labhairt air d' ainm',
Dean fein mo sheòladh le d' mhaitheas,
Chum d' fhirinn fhoghlum 's a ghleidheadh gun chall.
Duisg mo chuimhne 's mo mheoghail,
'S mo smuaintean iompaich gu teangadh gach grais,
Do thoil-sa dheanamh mo raghainn—
'S na fag mi 'n di-chuimhn' 'n uair thaghar do chlann.

'S e do mhòrachd gun choimeas,
A chuireas dòchas 'am anam is gràs,
Bho linn domh-s' bhi am leanabh,
'S lionar tràcair' a shil orm bho d' laimh;
'S tu mo stòras nach teirig,
'S dhe do sholas tha m' eathraichean lan,
Gus am beoil 's a' cur thairis,
'N uair is deonach leat 'bheannachd chuir annt'.

Tha mor ionmhas do mhathais
Dhomh gach uair anns an latha cho réidh,
'S mi gun chunntas gun tomhas,
A ghabhail cuibhrionn fa chomhair gach tìmh;
Mara cuimseach domh fhaighinn
Biadh is aodach gun chaitheamh thar fhéum,
Sin 's gun stòras a ghleidheadh—
A bheath' dh' òrduich thu roimhe dha d' thréud.

Cha 'n 'eil la tha mi 'g éirigh,
Nach 'eil gathannan aoibhneis do ghraidh,
Air am measgadh le caoimhneas,
Ur gach maduinn is oidhche 's gach trath,
Drùchd do dhealt a ni saibhir
M' anam airceil chum oighreachd nan gras,
Far an seinnear le d' chloinn-sa
Laoidhean molaidh 'sior-chliuthachadh d' ainm'.

<eng>* Several words in the MS. of this hymn are exceedingly obscure.<gai>

[TD 10]

Cha 'n 'eil oidhch' tha mi 'laidhe,
Nach 'eil ainglean na Flathais 'a m' chòir,

'S iad 'g am shireadh 's 'g am ghleidheadh,
Bho na naimhdibh tha teth air mo thòir.
Na mo shuain, a chaomh-athair!
'S tu mo bhuachaill' a ghleidheas mi beò,
'S a bheir suas mi gu d' chathair,
An uair is rùn leat mo ghabhail gu d' ghlòir.

Tha mo smuaintean 's mo labhairt,
Air an cunntadh a d' leabhar le còir,
'S bho 'n 's ann uaith ni mi fhaighinn,
Togam suas iod le aighear 's le ceol,
Chum do chluais, a Rìgh-Athair!
A rinn mo stiùradh 's mo ghleidheadh 's mi og,
'S riamh troimh chùrsa mo bheatha,
Sheall thu nuas orm 'g am fheitheamh le lòn.

Mas na sheilbhich mi beatha,
'S tu-s' a dhealbh mi le cnamhaibh 's is feòil,
'S an t seomar dhìomhair 'g am ghleidheadh,
Cunntas mhiosan a' feitheamh tigh'nn beò;
'S an tìm iomchuidh 's na labhair thu,
Chaidh an t-ionmhas sin anam thoirt dhomh-s',
Le cord airgid 'g a cheangal,
A chum 's nach salaichinn na h-eathraichean òir.

'S rinn thu teampull de 'n talamh,
Mar chéis gheal ìbhri chum 'fhalach mar chleòc,
Na sùilean lìon thu le solus,
'S an anail dh' inntrig thu 'm pollan na stròin';
A chluas gu cluinntinn gach faruim,
'S a chas gu imeachd is cabhaig 's an ròd,
'S an lamh gu gnìomh air aran,
An ceann gu rioghladh, 's an teangaidh gu d' ghloir.

Dh' fhag thu t-iomlan do m' bhallaibh
'S an ordugh b' iomchuidh chum faireachduinn bheò,
'N uair dh' fhuiligeas aon dhiubh le sgaradh,
Tha càch ri caoidh is ri gearan le bron;

[TD 11]

Cha 'n 'eil cuibhle 's an anam,
Nach do thionndaidh bho 'n ealaidh 's bho 'n ceòl,
'S ma gheibh an lùdag bheag gearradh,
Tha 'chreubh bho 'n chrùn gus an talamh fo leòn.

Ach d' oibrìbh dìomhair is falaich,
Cha ransaich cuimhne lag, thana, gun treòir,
Mar bhrùid mi a' d' fhianuis, no dallag
Nach faic, 's nach cluinn, 's nach fairich ach sgleò;
'S tric a dh' iarr mi le mearachd
An ni le 'fhaotainn nach mealainn le còir,
Ach dhuit-s' is léir mo chion-falaich,
'S tu bheir dhomh 'n oighreachd tha m' anam a' lorg.

'S e bhi a' lorg air do ghealladh,
A tha mi 'g iarraidh chum m' anam bhi beò,
Mo chridhe lìonadh le d' bheannachd,
'S do thoil a dheanamh gun aindeoin le m' dheòin;
Ri m' ùrnuigh tionndaidh cluas fhaireal,

'S na leig dhomh dùnadh le ath-iarrtas glòir,
Ach teachd 'a d' ionnsuidh mar leanabh
A dh' fhaighinn sprùileach, 's 'gan tionail mu d' bhord.

'S mi mar dhéirceachan falamh,
Gun nì, gun fhéudail, gun earras, gun stòr,
'S mi 'n dùil gun éisd thu ri m' ghearan,
'S do ghnuis le caoimhneas gu 'n dealraich thu orm.
Na leig dhomh tionndadh bho d' leanail,
Ach dean mo stiuradh 's mi aineolach dorch,
Le d' ghràs ath-nuadhaich-sa m' anam,
'S dean gradh is firinn a bhuileachadh orm.

'S tric a las thu mo choinnleir,
'S mi gun solus, gun soillse na m' chòir,
Le do Spiorad tha saoibhir,
Chum mo sheachran fhoillseachadh dhomh-s'.
Sgrùdam d' fhocal gach oidhche,
'Stiùras m' astar mar 'ghuide' anns an ròd,
'S tionndaidheam dhachaidh bho m' fhaointraidh
Dh' ionnsuidh m' athar tha saoibhir an glòir.

[TD 12]

Air cliù do ghloir ni mi labhairt
'N uair bhios mo chnaimhean na 'n luidhe fo 'n fhòid,
Cho mìn ri fùdar gun d' anail,
Le fuaim na trompaid grad léumaidh iad beò.
'S cha teid aon rudan dhiu 'm mearachd,
Ach bidh an t-iomlan 'cur thairis le feòil,
'S bidh a' chruitheachd nuadh gu leir fallain,
Gun chnoimh, gun chréuchdan, gun ghalar, gun leòn.

Nach binn an sgeul so ri aithris
Do 'n dream a dh' eireas le pailmean 'n an dòrn,
'S iad suaint' an aodaichean geala,
'S an crùn a' boisgeadh mar dhealradh an òir;
'S an gnùis mar ghréin na làn-sholuis
An là geal céitein-'n uair a theannas i oirnn-
'S e 's ainm dhaibh oighreachan geallaidh,
'S an cuirt an Rìgh gheibh iad cathraichean glòir.

'S e cliù na Trionaid an ealaidh
Le tùis dheadh-ìobairt 's laoidh mholaidh na 'm beòil,
A chaidh nan cian na 'n cloinn-sonais,
Le 'n organ bhinn is ciùin, farasda ceòl;
Cha 'n fhàs iad sgìth no mi-thoileach,
Ach 's aoibhneas iomlan is toradh dha 'n nòs,
Mar reultan timchioll na cathrach,
Is Grian na Firinn 'g an dealradh le glòir.

[TD 13]

II.

CEÒL, cha 'n àill leam, pìob no clàrsach,
Binneas ghall-tromp 's theud,
Cha bhinn le m' chluais 'n uair 's àird' am fuaim,
Cha 'n imich luath mo cheum;
Air ùrlar àrd cha dean mi danns',

'S cha ghluais mi eangaidh air sléibh',
Tha cùrsa nàduir 's cunntas làithean,
'Teagasg ceann mo réis'.

Mo laith' mar cheò 's mar fhaileas neòil,
Dh' fhalbh thairis m' òige nuadh,
'S i 'n oidhch' 'tha 'n tòir orm, dh' iompaich m' organ
Chiùil gu bròn 's gu gruaim;
Mo chridhe trom nach éirich leam,
Mar chloich air grunn fo shuain,
Nach dùisg 's nach gluais, ach tùirseach truagh,
Mar dhuin' 'an cluas a' bhàis.

'S am bàs dh' an toir sinn uile géill,
Gur sgaiteach geur a lann,
'S lìonmhor treun òg 's maighdeann bheul-dearg,
'Chuir e 'an céis le laimh;
Gach bean a's céile 's leanabh
'Sheilbhich beatha riamh bho Adh'mh,
Ach Enoch 's Eliah, chaidh an treud ud
Uile 'n géill do 'n bhàs.

'S cha chùis-eagail bàs do 'n iarmad
'Thig fo riaghladh gràis,
A chum a dh' fheitheadh théid iad sgiamhach,
'S bàirleig sgrìobht' na 'n làmh,
Air beulaobh 'n Rìgh nach diùlt doibh
Inntreachduinn le mìle fàilt',
Bho 'n phàidh an Sagart ac' am fiachan,
'S thug E dìoladh làn.

'S ged dh' fhàg am peacadh sinn fo dhìteadh,
Cha bu sinne 'phàidh,
Ach làmh ar n-urrais, Rìgh na Sìothchaimh,
'Dh' iobradh air a' chrann;

[TD 14]

Le ùmhlachd 's fulangas ro phiantail,
Chrom E sìos gu làr,
A's ghlaodh E mach "Mo Dhia, mo Dhia,
Na tréig mi chaoidh 's na fàg."

Bho 'nàimhdibh guineach dh' fhuiling Iosa
Peanas, pian, a's cràdh,
Air tàirngibh chroch iad Corp na Fìrinn
Ris a' chraoibh gu h-àrd;
B' iad sìol an uilc 'thug mionnan dìtidh
'N aghaidh 'n Tì a's àird',
'S a gheall gu 'n gabh'dh iad 'fhuile phrìseil
Direach air an ceann.

A' ghrian le teas do theich air cùl,
'S a solus dhiùlt i dhoibh,
Na creagan sgoilt gu 'n ruig an grunn,
'S an teampull réub gu làr;
An talamh chrath le 'thoradh trom,
'S na dùilean shruth le cràdh,
'S na mairbh bho 'n uaigh do dh' éirich suas,
'Thoirte coinneamh 'dh' Uan nan Gràs.

O m' anam, dùisg le d' chlàrsaich chiùil,
'S dean moladh, 's cliù a sheinn,
Do Thriath nam feart le 'ghàirdean deas
'Thug buaidh a mach dha threud;
'S le 'chòmhraig thréin 'thug 'arm bho 'n eug,
'S an treas là 'dh' éirich suas,
'S a shuidh an àird' air ionad àrd,
Aig deas-laimh Rìgh nan sluagh.

'S E 'deanamh eadar-ghuidhe bhuan
Air son a shluaigh gu léir,
An Ciobair gràidh nach leig air chall
An t-uan a's tàir' dhe 'n treud;
Ard-shagart ungta, Rìgh gach prionnsa,
Bheir gach dùil' d' A géill,
'S le 'éifeachd éirigh 'chruitheachd nuadh-
'S E 's breitheamh dhuinn 's is léigh.

[TD 15]

'N uair 'thig E nuas le ainglibh cùirt',
Mar dhealan dlùth nan speur,
Ni 'n trombaid fuaim, 's bheir sìos a's suas,
A's deas a's tuath dhi géill;
Grad-éirigh suas na bheil 's a' chuan,
'S a' chill, 's an uaigh, 's na sléibht',
A dh' ionnsuidh 'mhòid 's bidh 'choinneamh dòmhail
'Thig an còir an t-sléibh.

'N sin labhraidh 'm breitheamh ris na h-òighibh
Glic, dha 'òrdugh 'ghéill:-
"A shluaigh 'tha beannaicht' teannaibh chum
Mo dheis, bho 'n 's eòl dhomh sibh,
'S 'an rìoghachd m' Athar, gabhaibh còmhnuidh,
'S dèanaibh ceòl a sheinn,
'S bho chraoibh na beatha faighibh sòlas,
'S mairibh beò gach linn."

Ach dha na h-òighibh a bha gòrach,
Bheir E 'n t-òrdugh truagh:-
"A chlann na mallachd nach d' iarr m' eòlas,
Bidh nur còmhnuidh bhuan
'S an lochan loisgeach mar ri deamhnaibh,
'Caoidh 's a' bròn 's a' gruaim,"
A' snàmh a' chuain gun ghrunnd, gun 'shore,'
Gun phort, gun 'shoal,' gun bhruaich.

'S e àithn' a bheirinn dha gach beò,
Geur-aire 'thoirt do m' dhan,
Tha 'chùis so eagalach ri leògh',
Is sgreamhaidh dhomhs' a fuaim;
O m' anam, teich mu 'm beir an toir ort,
'S taisg do stòras shuas,
'S bidh d' ùrnuigh freagarrach dha d' ghlòir,
'S cha 'n fhaic thu bròn a chaoidh.

Tha rùintean freasdail deas an còmhnuidh
'Thoirt dhut eòlais nuadh',
Na 'm b' àill leat freagairt le do dheòin,

'S gach leth-trom 'dh' fhògradh bhuat;

[TD 16]

Cuir cùl ri easaontas 's ri pròis,
'S le seirc a's tròcair gluais,
'S gach cùis dean eadraiginn 's a' chòir,
'S luchd-brìb' cuir brònach bhuat.

'S le gràs a's seirce leasaich d' eolas,
'S anns gach mòr-chéill gluais,
Mar àirmhear leat gach oidhche 's lò,
Do shlighe seòl 's gach uair;
Le treud an t-seacharain na deònaich,
'S na gabh déidh na 'n duais,
Chum bàis tha 'n casan luath gu leòir
'S cha 'n fhaic iad glòir an Uain.

Mar dh' àicheadh iad a theis'nas òg,
'S a reachd gach lò gu 'n d' thruaill,
Air gràdh a theach cha 'n fhaigh iad còir,
'S cha bhlais am beòil dhe 'chuilm;
Bidh 'chòmhnuidh ac' 'an teach a' bhròin,
'S bidh 'n leab' 'an dòruinn bhuaibh,
'S air cràidh an achain cha 'n 'eil beò
Na bheir bun sgeòil a nuas.

[TD 17]

III.

OCH 'us ochan! mo threachladh!
Mo léir-chreach! mar a tha mi,
'Dhìobhail lòn, agus earraidh,
Do 'n anam nach bàsaich;
Mi 'an dòruinn fo chùmhach,
'S neo-shubhach a ta mi;
Air tulaich am aonar,
'S luchd mo ghaoil an déigh m' fhàgail.

Ciod mu 'm biodh tu cho cianail,
Aig iargain mu 'd chàirdean?
'S do bhàrnaigean lionmhor,
Gu triall air an sàilibh;
Ged tha iadsan air thoiseach,
'S tus' a' d' bhochdan 's an fhàsach;
Ann an ath-ghiorras tioma,
Bithidh tu cinnteach dheth fàgail.

Ach 's mòr m' fhàth air bhi cianail,
Bharr air iargain mo chàirdean;
Mo ghineadh 'an truail'eachd,
'S mo ghluasad bho 'n tràth sin;
Mo chiontana lionmhor,
Mo ghiomh agus m' fhàilling;
Ann an cunnart mo dhìteadh
Mar dhìleabach Adhaimh.

Ged bha 'n dìleab ud cronail,
Thàinig sonas 'na h-àite;

Tha do bhràthair a's sine
'G ad shireadh gu fhàbhair;
Gu róbacha,* rìomhach,
'S crùn rìoghail nach fàilling;
Mar ri còir air an oighreachd,
A dhaingnich a' bhàs dhuit.

Ach 's e aobhar mo thioma,
Tric is minig 's mi 'm aonar;
Mo chridhe do-lùbtadh,
Ruith dlùth a chum daorsainn;

<eng>* Eng. robe.<gai>

[TD 18]

Tha 'n seann duin' cho làidir,
'S nach tàr mi dheth aomadh;
Thig sruth salach o 'n fhuaran
'Feadh 's tha thruaill'eachd gun taomadh.

Ach 's e impidh do Bhràthar
Dhuits' gach là 'bhi 'ga leanailt;
'S an uair 'bhios 'n eallach 'g ad shàrach',
Gramaich làidir ri 'ghealladh;
Tog a chuing air do ghuaillibh,
'S bi'dh do bhuannachd ris soilleir;
Cha 'n éir' i ri 'giùlan,
'S bheir i lùths dhuit a's fradharc.

Meud do shonais an tràth sin
Cha tàr mi 'ga shloinneadh;
Bi'dh d' iodhal-aoraidh a's d' ardan
Mar bha Dagon 'na bhloidhibh;
Do pheacadh-leannan an tràth sin,
Ni thu 'fhàgail ad dhéighidh;
'S bi'dh tu 'g imeachd 's an fhàsach
Mar bha 'm bà-chrodh o 'n laoghaibh.

Na h-anamianna gràineil,
Do 'm bu ghnàth leat 'bhi 'géilleadh;
Sgiùrsaidh Es' iad as 'aros,
Mar armailt' a reubail;
Uile thruaill'eachd do nàduir,
'S aobhar nàire leat fhéin iad;
'S an uair thig gràs gu bhi riaghladh
Théid an strìochdadh le chéile.

Ged tha thusa gun ghluasad,
'S do chluasan gun chlàisdeachd;
Tha do chobhair a's d' fhuasgladh,
Air guaillibh do Shlànuighear;
Cha 'n 'eil do smachd ach ré tìoma,
Théid gu finid 's an fhàsach;
'S 'n uair 'théid thu null thairis,
Bi'dh tu fallain 'na fhàbhair.

[TD 19]

'S e gràdh an Athar do-rannsuicht',
A thionnsgainn an t-ìochd ud;
Gach nì gheall e bho shiorruidheachd,
Làn-chrìochnaich a Mhac e;
Dh' fhàg e spiorad na sìochaint',
A toirt fianuis le 'fhocal;
Mòr-bhuannachd na dìlib,
Na gabh sgìos bhì 'cur beachd oirr'.

Bha trì Pearsa na Trionaid,
Co dian a's do leth-sa,
Chaidh 'n cùmhnant o shiorruidheachd,
A dheanamh co seasmhach;
Tha 'n lagh air a riarach',
'S làn-dioladh aig ceartas;
Tha a thròcair-sa glòraicht',
'S aobhar dòchais aig peacaich.

'S ann o innleachd an nàmhaid,
A thàinig am peacadh;
Bàs sìorruidh, a's truaighe,
An gin truaillidh 'bha ac'-san;
Grad-ghramaich ri Crìosda,
Ma 's miann leat an seachnadh;
Tha air thairgse cho saor,
Do chlann daoine 'na fhocal.

Ann am briathraibh a Shoisgeil
'Tha cho maiseach an òrdugh;
Gach neach 'gam bheil tlachd annt'
'Tarruing faisg orr' an còmhnuidh;
Le gràdh a's fìor aidmheil,
'Cur an taic annt' an còmhnuidh;
'S ag imeachd 'na neart-sa,
Fo a bhratach le dòchas.

Ma bhios tusa gun sàbh'ladh,
Chaidh d' fhàgail gun leithsgeul;
Tha Stochd aig do Ràthan,
A ghnàth ort a' freasdal;
Tha e comasach, deònach,
Anns gach dòigh 'tha mar cheisd ort;
'S bheir e earradh a's biadh dhuit,
Nach crìochnaich am feasda.

[TD 20]

IV.

M' ANAM, imich thusa sàmhach,
Fo gach àmhghar agus leatrom;
'S e do thruaill'eachd a thaobh nàduir
Aobhar d' ànraidh mar mo bheachd-sa.
Greas a's amhairc mar a tha thu,
Seall le nàire ri do chleachdadh;
'S faic an sac tha air do ghuaillibh,
Le do ghluasad 'bhi gun fhaicill.

O 'n a rugadh ann ad thràill thu,
Thaobh do phàirtidh 's a' cheud seachran;

Iomchair foighidneach gach dòruinn,
'S biodh do bhròn air son do pheacaidh.
Tha do thoil an deis a truailleadh,
Rag ri gluasad chum do leas-sa;
Dh' easbhuidh cumhachd a bheir buaidh oirr',
Gheibh thu 'm bàs a's duais do 'n pheacadh.

Seall a nise ciod a ni thu,
'S teich le dìchioll dh' ionnsuidh taice
Fàg do chudthrom air do Ràthan
Tha E 'ghnàth cho math ri 'fhocal.
Thig le irioslachd a's dòchas
Dh' iarraidh còmhnadh o 'n Aon bheartach,
Creid air tùs gu bheil e maoineach,
'S iarr do dhaonnachd réir a' phailteis.

Thig le d' dhoille, ciont a's daorsa,
Fàg 'na aonar airsan 'n leatrom
Dh' iarraidh teagaisg, riaghlaidh 's saoraidh
Tha iad annsan ri 'n toirt seachad.
Seall le muinghinn an àirde
Chum nam beann d'a bheil do thaitneachd;
'N uair is trioblaidich' a' chual duit
Amhairc suas ri Triath nam feartan.

Càraich d' eallach air a ghuaillibh,
Oir 's ann uaithe thig do neart-sa;
'S ged nach beachdaich thus' a ghluasad,
Creid gu luath gu bheil E 'm faisg ort.

[TD 21]

Feith gu foighidneach ri 'thiom-san,
'S imich dìreach réir a reachda;
Ruith do reis le fair' a's dìchioll,
'S ann le strì a ni thu 'streapadh.

'N uair 'bhios fiaradh ann ad chrannchur,
Creid gu 'n tionndaidh a gu d' thaitneachd;
Bheir seillein math o lusaibh searbh
Mil 'bhios tarbhach, brioghar, blasda.
Ged bhiodh am Freasdal dhuit air uairibh,
Tuille 's cruaidhe réir do bheachd-sa;
Tuig gur gliocas thug mu 'n cuairt e,
'S gheibh thu beannachd as am pailteas.

Bi thusa furachar mu 'àitheantan;
O staid nàduir teich na thaic-sa;
'S glac a ghealladh làn do shìochaint,
Ann an Crìosd a dhiol a' cheartas.
Air do thurus do Chanaan,
Ged robh am fàsach làn do chroisibh,
'S iomadh bruthadh air do shàiltibh
Leans' a' ghnàth ri lorg a' Ghaisgich.

Thug E buaidh os cionn do nàimhdibh
'S bheir E gràs an àm na h-airce,
Ruith d' a ionnsuidh le féin-àicheadh
'S dearbh nach fàilnich do Chùl-taice.

[TD 22]

V.

'S MILE marbhphaisg ort a shaoghail,
'S carach baoghalach do chleachdadh,
'S gar nach 'eil mi sean no aosmhor,
'S lionar caochladh tha mi 'faicinn;
'S tric am bàs le 'shaighdibh dùbhlanach
A' tionndadh mùirn gu airteal,
'S a' toirt aoibhneis mhòir gu bròn,
'N uair bhios ar sùil ri sòlas fhaicinn.

'S tha gach là a' teagasg iùil dhuinn
Chum ar cùp a ghiulan faic'leach,
Ma 's e 's gu faigh sibh làine chuimseach,
'S cuibhrionn iomchuidh e gu 'r n-astar;
'M fad 's a bhios sinn anns an fhàsach,
Gheibh sinn aran 's pàirt ri 'sheachnadh,
'S c'uum' am biodh ar gearan uaibhreach
Bho nach lìon e suas ar beairteas.

Gar na ghlac mi mòran stòrais,
Cha do chrìon mo choir gu airceas,
An t-aran lathail fhuair mi 'n còmhnuidh,
'S math gu leòir gun stòr 'chur seachad:
An tì rinn tadhal mòr 's an fhàsach,
Cha do thàrr e maoin a thasgaidh,
'S feàrr am beagan buain le gràs,
Na oighreachd 's achanna' chaich 'thoirt dhachaidh.

'S gàbhaidh 'bhuidh a th' air cloinn dhaoin',
A h-uile h-aon air saod a' bheairtais,
'M fad 's am fagus 'falbh g' a fhaotainn,
'S cogadh 's caonnag ga thoirt dhachaidh;
'S lionar neach tha 'cosd a shaothrach,
Nach do bhlais a mhaoin le taitneas,
'S mairg a ghlacas creach nam feumnach,
Chum e féin a dhèanamh beairteach.

An tì a thaisgeas sìol na truailleachd,
Cha bhi 'stòras buan gu mairsinn,
Ged a dhùin e glaiste suas e,
Gheibh e sgiathan luath chum astair:

[TD 23]

Mar an iolair 'shiùbhlach bhuainn,
Chum nan nèamh le fuaim 's le clapraich,
'S amhlaidh beairteas thig le foill,
Ge mòr a shraighlich, 's faoin a mhairsin.

'S tric tha 'm beairteas 'n a chùis-dhitidh,
Dha na mìltean 'tha ga ghlacadh,
'Càrnadh suas le cruadh's droch-innleachd,
Cuid nan dilleachdan gun taice:
Bi'dh a' bhantrach dhoibh fo chis,
'S tric a dhìobair i 'n t-each-toisich,
'S cruaidh an cridh' a bh' aig an linn
A dh' òrduich lagh cho mìllteach crosda.

Chuir iad cas air reachd na fìrinn,
'S ghluais iad dìchiollach 's an droch-bheart,
'Claoidh nam bochd 's ga 'n lot le mìorun-
Banntraich 's dilleachdain gun choiseachd-
B' uamhasach an cleachdadh tìre,
Croich a's binn air àird gach cnocain,
Cùirt nan spleadh gun lagh, gun fhirinn,
'S tric a dhìt' an tì 'bha neo-chiont'.

'N uair 'bhios gràs anns an luchd-riaghlaidh,
Bi'dh na h-ìochdarain làn aiteis,
'S bi'dh gach prionnsa, 's diùc, a's iarla,
'Seasamh na còir' fo sgiath a' cheartais;
Cha bhi duine bochd gun phòrsan,
'S cha bhi deòiridh truagh gun taice,
'S bi'dh gach cealgair air am fògradh,
'S cha 'n fhaigh luchd-an-fhòirneirt fasgadh.

An sin bi'dh sonas anns gach rìoghachd,
'S cùirt gach rìgh mar fhìonan taitneach,
Torach, làn le gràdh, 's le fìrinn,
'S bheir gach sluagh deagh ìobairt seachad;
Tionnda'idh 'n t-Arabach 's an t-Inns'nach,
Fa thrombaid bhinn an t-soisgeil
'S cumaidh 'm Pàp' na h-àithntean dìreach,
'S cha bhi ìomhaigh ann no croisean.

[TD 24]

Ach bi'dh 'n soisgeul air a leughadh,
Anns a' bheus an robh e 'n toiseach,
'S bidh 'n luchd-teagaisg làn de dh' éifeachd,
'Toirt an léursainn do na bochdaibh;
'S binn am fuaim 's gach cluais 'bhi 'g éisdeachd,
Ait-sgeul aoibhinn cléir nan abstol,
Anns 'n do shuidhe iad cruinn gu léir,
Le Spiorad Dhé 'toirt géill dha 'fhocal.

'S iad 'am bannaibh gràidh dha chéile,
Comunn spéiseil 'an deagh-choltais,
Rùnach, seirceil, an deagh-bheusan-
Buidheann réidh nach géill do 'n drochbheart:
'S lionar uireasbhach a's feumnach,
Dha na ghléidh iad léigh gun chosdas,
Thaom gach duin' a chuid 's an déirce,
Chum an tréud a dhìon bho 'n bhochdainn.

'S thusa' 'dhuine, cluinn a's léugh so,
'S cuimhnich fhéin 'bhi céum air thoiseach,
'S thu cho pailt de stòr 's de dh' fhéudail,
'S 'Banc' gu d' ghéill, 's còig céud air ocar;
A mhéud 's ged thionail thu ri chéile,
Do mhac gun chéill 's do oighre cosdail,
B' fheàrr dhut beannachd bho luchd-déirce,
Na na dh' fhàg thu 'd dhéigh gu droch bhuil.

'S bho 'na shiùbhlas sinn gu léir
Do 'n chill bho 'n d' éirich sinn an toiseach,
Anns an uaigh 's nach luaidh sinn feudail,

'S nach bi feum againn air cosdas;
'S faoin gach fasan a's deagh éididh
'S tan' an léin' 'an téid an corp-sa,
'S ni na daola cuilm de 'n chreubhaig,
'M fad 's a mhaireas réud gun chosd dhi.

An sin gach, duine 'chuir 'san éucoir,
Buainidh iad le déuraibh goirte,
'S bi'dh an duais gu truagh mar thoill iad,
'S àrd a chluinnear caoidh an ochain;

[TD 25]

Bi'dh an lochd 'n a chrois 's gach éudann,
'S cogais réubach fhéin ga 'n lotadh,
Sgiùrsar iad gu slochd na péine,
'S corruich Dhé mar leus ga 'n losgadh.

Ach na fìrinnich gu aoibhneas,
Crùn, a's oighreachd gheibh gach neach dhiubh,
'S còmhnuidh ait 'an teach na soillse-
'Sona, soim' 'bhios cloinn na maise,
'Cliùthachadh Ur-mhac na Maighdinn,
'Choisinn saibhreas dhoibh le 'ghaisgeachd,
'S a thug buaidh bho 'n uaigh le 'threun-laimh,
'S geat' an éig le 'ghàirdean spealg E.

'S chaidh E suas le buaidh-ghàir aoibhneis,
'Dh' ullachadh dha 'chloinn an dachaidh,
'S thug E àithntean d' a luchd-muinntir,
'Uain 's a chaoraich 'stiùradh faic'lleach;
'S 'n uair a thig E risd 'n a mhòrachd,
'Thoirt am pòrsan do gach neach dhiubh,
An seirbhiseach rinn ceilg a's fòirneart,
Sgiùrsar e le còrdaibh goirte.

[TD 26]

VI.

THA m' inntinn-s' an geall
A bhi thall thar uisg' Iordain,
Mar ri Prionnsa na sìochaint',
B' e mo mhiann dol 'na chòmhdhail;
'S e cibeir na treud e
Bheir e féin orra faicill;
As na h-eileanan cuainteach,
Ni e 'n cuairteachadh dhachaidh.

"'S e an Ròs e o Sharon,
'S am Flùr e o Iesse,
'S e Gaisgeach Tréibh Iùdah,"
Cha chlaoidhear a neart-sa;
'S e àillteachd thar chàch,
Thug mo ghràdh-sa cho mòr dha,
'S an uair 'bhios e as m' fhianuis,
Bi'dh mi cianail, ro-bhrònach.

Bi'dh mi dubhach 'ga iarraidh,
Os n-iosal an còmhnuidh;

'S 'n uair 'chì mi na mhais' e
Bi'dh mi laiste le sòlas;
'S e m' àilleagan broillich,
'S e mo charaid 's m' fhear-pòsd' e;
'S e mo Bhràthair a's sine
Tric is minig 'gam chòmhnadh.

'S e fear ghabhail mo leithsgeil
'S a' sheasamh mo chòrach;
A phàigheas m' uil' fhiachan,
'S ni mo dhion bho gach dòruinn;
Am fad 's a bhios mi air thurus,
Bheir e 'n cumantas lòn dhomh,
'S 'n uair a philleas mi dhachaidh,
Cha bhi airc aig a bhòrd-sa.

Tha mil a's bainne 'an Canaan,
Ged tha 'n fhàsach-s' lan croisean;
'S iomadh bruthadh air sàilibh
'N neach a's fèarr gheibh an t-aisig;

[TD 27]

Bha a smachdan, 's a throcair,
O m' òige mu seach orm;
'S e bu chàinnt dhoibh le chéile,
Mi a thréigsinn a pheacaidh.

'S iad clann dìleas a' chùmhnaint
'S géire sgiùrsas a shlat-sa;
Ach cha dealaich e 'chaoimhneas,
A chaidh riu réir 'fhocail;
'S e trioblaid na fùirneis,
'S a bheil e rùsgadh an seachrain;
Gus an iarr iad dheth thròcair,
Gun leònadh dha cheartas.

Chum 's gu faic iad an truaigh'
'S an gluasad gun fhaicill;
Thig an lagh 'gan dian-ruagadh,
As gach bruach an robh 'm faspadh;
'N uair an ni 'choguis dùsgadh,
Le sgrùdadh géur-bheachdail,
Ni i mach dhoibh bhi cailte
Mur tionndaidh iad dhachaidh.

'N uair 'bha mi a 'm reubal
'S e féin a rinn iochd orm;
'S rinn mo philleadh le tròcair
Bho shligh' dhóruinn 'n léir-sgriosaidh.
Mar amhailt' á griosaidh,
A spion e mi thairis;
Bhàrr chrìochan an namhaid,
Gu fàrdach a' chlanna.

Tha cùibhleachan ùine,
Gu dlùth a' dol seachad;
Dean mo sgeudachadh sgiamhach
'An aodach iasaid a' ghaisgich;
Anns am faigh mi a bheannachd,

A cheannaich e daor dhomh;
Cha b' ann le ni truallidh,
Ach 'fhuil uasal 'ga taomadh.

[TD 28]

Dh' ath-nuadhaich e 'chùmhnant,
A's dhùbail e 'ghealladh;
'S e Caiptean mo shlàint' e,
'Bheir le gràs mi 'na choinneamh;
Tha gach latha mar bhliadhna,
Gus an crìochnaich mi m' astar;
Gus am bi mi 'na fhianuis,
Troimh shiorruidheachd 'cur beachd air.

Rinn Simeon sòlas 'n uair
Fhuair e òg e 'na ghlacaibh;
A's le irioslachd, dh' iarr e,
Comas triall 'sa dhol dachaidh;
As a b' fhad bha mi 'g earbsa,
Tha m' shùil dearbhta 'g a fhaicinn-
Slàinte Dhé do chloinn daoine,
Chaidh fada thaobh uaith' air seach'ran.